The availability of information on distribution, populations, threats and opportunities varied a great deal, particularly between species groups. Birds were particularly well served, with detailed atlases supplementing a wealth of local knowledge. However, data coverage for invertebrates and lower plants was poor and the assistance of specialists was sought for a number of species groups. In some cases, the data does exist but only amongst a narrow group of enthusiasts and is therefore not widely available or easily accessible. The audit report recommends that the Steering Group raise the profile of these species both locally and where appropriate, nationally.

There are a number of rare species such as raptors that are considered 'sensitive', and whose geographical location is not provided in the audit report. Detailed information such as nesting sites is known but is only accessible through specialist study groups such as the Uist Raptor Group and the local RSPB/SNH representatives. At present, there is not an equivalent raptor group in Lewis and Harris.

It is envisaged that the audit will continue to identify where there are gaps in knowledge and be used to highlight the need for further survey and research. It is


on the basis of what is currently available through the audit however, that a number of priority habitats and species have been identified.

There are a number of species that are not native to the Western Isles such as hedgehogs and American mink and which are undesirable as they have been shown to cause damage to native species such as ground nesting birds. Efforts are being made through the Hebridean Mink Project and the Uist Wader Project to address the problems caused by these species.

2.7 Prioritising Habitats and Species

The habitats and species identified in the audit were evaluated using a ranking system to decide which were priorities for action in the Western Isles area. This was necessary as resources for implementation are limited and given the high number of habitats and species it is unlikely that actions for all these could be undertaken.

Different members of the audit group and local specialists carried out the evaluation process depending on their interest or specialism. This process resulted in each species and habitat being attributed a score with the highest priority i.e. species and habitats deemed to be of greatest conservation concern, having the highest score.



Bha eadar-dhealachadh mòr san fhiosrachadh a tha ri fhaotainn mu sgaoileadh, àireamhan, cunnartan agus cothroman, gu sònraichte eadar buidhnean ghnèithean. Bha e gu sònraichte math airson eunlaith, le atlasan mionaideach a cuir gu mòr ris an t-eòlas ionadail. Ach, cha robh mòran dàta ann airson neo-dhrum-altachain agus lusan iochdrach agus chaidh cuideachadh iarraidh bho speisealaichean airson grunn de na buidhnean ghnèithean. Aig amannan, tha an dàta ann ach 's ann dìreach am measg beagan dhaoine le ùidh shònraichte anna agus mar sin chan eil e furasta fhaighinn. Tha an aithisg sgrùdaidh a' moladh gum bi am Buidheann Stiùiridh ag àrdachadh iomhaigh nan ghnèithean sin gu h-ionadail agus far a bheil sin iomchaidh, gu nàiseanta.

Tha grunn de ghnèithean tearc leithid eòin-àir ann a thathar a' meas 'lag', agus chan eil an làrach aca air a shealltainn san aithisg sgrùdaidh. Tha fiosrachadh mionaideach ann mu nithean mar làraich neadachaidh ach chan fhaighear e ach tro bhuidhnean rannsachaidh speisealta leithid Buidheann Eòin-àir Uibhist agus riochdairean ionadail RSPB/SNH. Aig an àm seo, chan eil buidheann eòin-àir co-ionann ann an Leòdhas is na Hearadh.

Thathar an dùil gum bi an sgrùdadh a' cumail a' comharrachadh far a bheil beàrnan san fhiosrachadh agus gum bi e air a chleachdadh airson an fheum air tuilleadh sgrùdaidh agus rannsachaidh a shònrachadh. Ach, 's ann air bhonn na tha ri fhaotainn an-dràsta tron sgrùdadh, a bha grunn de phrìomh àrainnean agus ghnèithean air an comharrachadh.

Tha grunn ghnèithean ann nach eil gnèitheasach do na h-Eileanan Siar leithid gràineagan agus minc Ameireaganach agus nach eilear ag iarraidh oir thathar air dearbhadh gum bi iad a' dèanamh cron air ghnèithean nàdarra leithid eòin grunnachaidh. Tro Phròiseact Minc nan Eilean agus Pròiseact Eòin-grunnachaidh Uibhist thathar a' feuchainn ri aghaidh a



chur air na trioblaidean a dh'adhbharaich na ghnèithean sin. Bu chòir a thoirt fainear nach deach gnè coigreach de dh'èisg a stèidheachadh gu soirbheachail anns na h-Eileanan an Iar chun latha an diugh.

2.7 Òrdugh Prìomhachais Àrainnean agus Gnèithean

Chaidh measadh a dhèanamh air na h-àrainnean agus ghnèithean a bha air an comharrachadh san sgrùdadh le siostam rangachaidh airson a thighinn gu co-dhùnadh mun fheadhainn a bha nam prìomh-amasan gnìomha ann an sgìre nan Eilean Siar. Bha seo deatamach oir tha na stòrasan airson am buileachadh gann agus leis an àireamh mhòr de àrainnean agus ghnèithean chan eil sùil gum b' urrainn obrachadh air h-uile gin dhiubh.

Rinn na buill fa leth sa bhuidheann sgrùdaidh agus speisealaichean ionadail am measadh a rèir an ùidh no speisealachd. Mar thoradh air an obair seo chaidh sgòr a thoirt do gach gnè agus àrainn, leis an sgòr a b' àirde a' dol chun an fheadhainn a b' àirde prìomhachas i.e. ghnèithean agus àrainnean a thathar a' meas as cudromaiche a thaobh glèidhteachais.

Chaidh measadh a dhèanamh air na h-àrainnean agus ghnèithean... le siostam rangachaidh airson a thighinn gu co-dhùnadh mun fheadhainn a bha nam prìomh-amasan gnìomha ann an sgìre nan Eilean Siar.

Opposite right: White-tailed eagle

Opposite left: Slender naiad

Above: Northern marsh orchid

Mu choinneimh deas: Iolair-mhara

Mu choinneimh clì: Aibhneag







Gu h-àrd: Mogairlean purpaidh

This method relies on good quality information for each species and habitat. As previously discussed, although this exists for some species such as birds, it is poor for other species groups and habitats such as lower plants and marine habitats. As a result some species and habitats may be ranked as low priority due to a lack of, or poor information rather than being of least conservation concern. However, the current LBAP action plans have been based on the best current available information. The LBAP is specifically designed as a process to allow priorities to change and new species and habitats to be added as and when information becomes available.



Habitats

The following criteria were used to rank each habitat:

-  Habitat status i.e. priority or locally important
-  Local decline i.e. rate of decline if any
-  Proportion of UK habitat i.e. % of total UK resource
-  Local rarity
-  Local threat i.e. directly or indirectly threatened
-  Key species i.e. important for UK priority species
-  Local distinctiveness

The priorities (i.e. highest scoring habitats but not in any particular order) identified for the Western Isles are:

TERRESTRIAL AND FRESHWATER HABITATS


- Reedbeds
- Eutrophic standing water
- Fens
- Cereal field margins
- Lowland eadows
- Improved grassland
- Native woodlands
- Blanket bog

COASTAL AND MARITIME HABITATS

- Tidal rapids
- Saline lagoons
- Machair
- Coastal saltmarsh
- Maritime cliff and slopes

Species

The following criteria were used to rank each species:

-  List status i.e. priority, conservation concern or locally important
-  Local decline rate
-  Local rarity
-  Local threat i.e. directly or indirectly threatened.
-  Geographic range
-  Distinctiveness i.e. flagship, keystone or typical species.

The priorities (i.e. highest scoring species but not in any particular order) identified for the Western Isles are:

FISH

- Deep water fish
- Commercial marine fish stocks

BIRDS

- Dunlin
- Ringed plover
- Corncrake
- Puffin
- Redshank
- Corn bunting
- Red-necked phalarope
- Gannet
- White-tailed eagle
- Snipe

INVERTEBRATES

- Great yellow bumblebee
- Freshwater pearl mussel
- A weevil (*Ceutorhynchus insularis*)
- Northern Colletes bee
- Northern dart
- Belted beauty
- A carrion beetle (*Thanatophilus dispar*)
- Dark -green fritillary

VASCULAR PLANTS

- Western marsh orchid subspecies
- Irish Lady's tresses
- Eyebright
- Leafy pondweed








LOWER PLANTS

- Northern oceanic moss

Tha an dòigh seo an urra ri deagh fhiosrachadh airson gach gnè agus àrainn. Mar a chaidh a ràdh roimhe, ged a tha am fhiosrachadh seo ann airson gnèithean leithid eòin, chan eil e math airson buidhnean ghnèithean agus àrainnean eile leithid lusan ìochdrach agus àrainnean mara. Dh'fhaodadh seo fàgail gum bi cuid de ghnèithean agus àrainnean air an rangachadh mar prìomhachas iosal mar thoradh air cion fiosrachaidh seach an cudrom a thaobh glèidhteachais as ìsle. Ach, bha planaichean-gnìomha làithreach LBAP bonntaichte air an fhiosrachaidh a b' fheàrr a tha ri fhaotainn aig an àm. Tha an LBAP dealbhte gu sònraichte mar dhòigh airson prìomh-amasan atharrachadh agus gnèithean agus àrainnean ùra an cur ris mar agus nuair a gheibhear fiosrachadh.

Àrainnean

Bha na slatan-tomhais a leanas air an cleachdadh ann an rangachadh gach àrainn:

-  Inbhe na h-àrainn i.e. prìomh àrainn no cudrom ionadail
-  Crìonadh ionadail i.e. ìre crìonaidh sam bith a tha ann
-  An tomhas de àrainn RA i.e. % de stòras iomlan na RA
-  Gainnead ionadail
-  Cunnart ionadail i.e. cunnart dìreach no neo-dhireach
-  Gnèithean cudromach i.e. cudromach a thaobh prìomh ghnèithean na RA
-  Sònrachadh ionadail

'S iad na prìomh-amasan (i.e. àrainnean le na sgòraichean as àirde ach gun a bhith ann an òrdugh sònraichte) air an comharrachadh airson nan Eilean Siar:

*Opposite: Eider duck
Right: Coastal habitat at Coilleag a Phrionnsa, Eriskay*

*Mu choinneimh: Lach Lochlannach
Deas: Àrainneachd a' chladaich aig Coilleag a Phrionnsa, Eirisgeigh*

ÀRAINNEAN TALMHÀIDH AGUS FÌOR-UISGE







Leapannan cuilc
Lith eutrophic
Fèithean
Oirean achaidhean arbhair
Faichean air talamh iosal
Talamh-feòir leasaichte
Coilltean gnèitheach
Talamh mointich

ÀRAINNEAN OIRTHIREACH AGUS MARA

Bras-shruthan siùil-mara
Lagùnan saille
Machair
Làthach shaille oirthireach
Creag agus lic mara

Gnèithean

Bha na slatan-tomhais a leanas air an cleachdadh ann an rangachadh gach gnè:

-  Inbhe air an liosta i.e. Prìomhachas, cudrom a thaobh glèidhteachais no cudrom ionadail
-  Ìre crìonaidh ionadail
-  Gainnead ionadail
-  Cunnart ionadail i.e. cunnart dìreach no neo-dhireach.
-  Raon dùthcha
-  Sònrachadh i.e. Gnèithean suaicheanta, cudromach no dualach.

'S iad na prìomh-amasan (i.e. na gnèithean le na sgòraichean as àirde ach gun a bhith ann an òrdugh sònraichte) air an comharrachadh airson nan Eilean Siar:



IASG

lasg uisge domhain

EÒIN

Gille-feadaig
Trilleachan-tràghad
Traon
Buthaid
Cam-ghlas
Gealag-bhuachair
Isean-dearg
Sùlair
Iolair-mhara
Naosg

NEO-DHRUIM-ALTACHAIN

Seillean-mòr
Slige-mhadaidh neamhnaid
Leòmann (*Ceutorhynchus insularis*)
Seillean Colletes a tuath
Leòmann
Tarbhan
Daolag mhòr (*Thanatophilus dispar*)
Fritilean dorch-uaire

LUSAN FÈITHEACH

Mogairlean Siar fo-ghnèith
Mogairlean bachlach bàna
Lus nan leac
Liobhag

LUSAN ÌOCHDRACH

Còinneach



2.8 Action Plan Phases

Habitat and species action plans will be produced in phases as time and resources permit. From the Western Isles priorities, the first phase of 5 action plans was identified. These were species and habitat action plans that the steering group considered could be produced relatively easily and quickly due to the availability of existing information. Specialists were commissioned to write these plans, however, it is envisaged that members of the steering and audit groups will write any further plans.

PHASE 1 ACTION PLANS

Habitat Action Plans	Status of Plan (April 2004)
Native woodlands	Finalised
Saline lagoons	Finalised
Machair	In Progress
Blanket bog	In Progress
Species Action Plan	Status of Plan
Great Yellow Bumblebee	Finalised

2.9 Action Plan Format

The species and habitat action plans follow the same format. Information in the action plans is listed under the following headings:

HABITAT OR SPECIES PROFILE – BRIEF FACTUAL INFORMATION ON THE HABITAT OR SPECIES.

Common Name: (Species only)

Scientific Name: (Species only)

Habitat Definition: (Habitats only) A brief description of the habitat characteristics.

UK Biodiversity Status: Indicates whether Priority, Conservation Concern or Locally Important.

Statutory Protection: The level of national and international protection afforded to the habitat or species.

Associated Habitats and Species: Habitats or species that are relevant to the action plan species or habitat.

OBJECTIVES AND TARGETS

This section identifies the main objectives (the broad aims) of the action plan. For each objective there are measurable targets which indicate the major steps required to achieve the objective.

CURRENT STATUS

The national and local extent of the habitat or species.

ECOLOGY AND MANAGEMENT

A brief description of the ecology of the habitat or species together with any management which is known to be of benefit.

BIODIVERSITY CONTEXT

Information on how the habitat or species is distributed globally, in the UK or Scotland and what its status is in the UK or Scotland.

CURRENT FACTORS AFFECTING THE HABITAT

Information on the main factors that affect the habitat or species in the Western Isles area, including factors that are causing decline, fragmentation, damage or loss.

OPPORTUNITIES AND CURRENT ACTION

Brief descriptions of existing activities that are benefiting the habitat or species in the Western Isles and any opportunities to expand or add to these activities.

ACTIONS

Actions to be taken to meet the stated targets and objectives are listed in tabular form. Each action has a nominated lead organisation to co-ordinate the implementation of the action and partner organisations that have agreed to help implement the action.

Actions are classed as low, medium or high priority and each action has a timescale for implementation as follows:

- Short – 2 years
- Medium – 5 years
- Long-term – 10 years

REFERENCES

A brief list of references and sources of useful information.

2.8 Ìrean Plana Gníomh

Thèid planaichean gnìomh airson àite-còmhnaidh agus gnèithean ullachadh mean air mhean mar a chheadaicheas ùine agus maoin. Bho phrìomh-amasan nan Eilean Siar, bha a' chiad cheum de 5 planaichean-gnìomha air a comharrachadh. B' iad sin planaichean-gnìomha ghnèithean agus àrainnean a shaoil am buidheann stiùiridh a bhiodh caran furasta agus luath an cur ri chèile air sgàth 's gu bheil fiosrachadh ri fhaotainn. Chaidh iarraidh air speisealaichean na planaichean sin a sgrìobhadh, ach, thatar a sùileachadh gu sgrìobh buill air na buidhnean stiùiridh agus sgrùdaidh planaichean anns an t-àm ri teachd.

Planaichean-gnìomha Àrainnean	Inbhe a' Phlana (An Giblean 2004)
Coilltean gnèitheach	Crìochnaichte
Lagùnan saille	Crìochnaichte
Machair	A' dol air adhart
Talamh mòintich	A' dol air adhart
Plana-gnìomha Ghnèithean	Inbhe a' Phlana
Seillean-mòr	Crìochnaichte

2.9 Cruth a' Phlana-gnìomha

Tha planaichean-gnìomha ghnèithean agus àrainnean san aon seòrsa cruth. Tha fiosrachadh sna planaichean-gnìomha air a liostadh fo na cinn a leanas:

GEÀRR-THUAIRISGEUL ÀRAINN NO GNÈ -AITHRIS GHOIRID MUN ÀRAINN NO GNÈ.

Ainm Cumanta: (Gnèithean a-mhàin)

Ainm Saidheansail: (Gnèithean a-mhàin)

Mineachadh Àrainn: (Àrainnean a-mhàin)

Geàrr-chunntas air feartan na h-àrainn.

Inbhe Bith-iomadachd na RA:

A' comharrachadh Prìomhachas, Cudrom a thaobh Glèidhteachais no Cudrom Ionadail.

Dìon Reachdail: Ìre dìon nàiseanta agus eadar-nàiseanta na h-àrainn no gnè.

Àrainnean agus Gnèithean

Co-cheangailte Ris: Àrainnean no gnèithean a bhruineas do ghnèithean no àrainnean a' phlana-gnìomha.

AMASAN AGUS CUIMSEAN

Tha an earrann seo a' comharrachadh prìomh-amasan (amasan farsaing) a' phlana-gnìomha. Airson gach amas tha cuimsean a ghabhas tomhas, a' comharrachadh nam prìomh nithean a dh'fheumar a dhèanamh airson an amas a choileanadh.

INBHE LÀITHREACH

Ìre nàiseanta agus ionadail na h-àrainn no gnè.

EAG-EÒLAS AGUS RIANACHD

Geàrr-chunntas air eag-eòlas na h-àrainn no gnè còmhla ri rianachd sam bith a thathar air dearbhadh a bhith feumail.

SUIDHEACHADH BITH-IOMADACHD

Fiosrachadh mun dòigh sa bheil an àrainn no gnè air a sgaoileadh san fharsaingeachd, san RA no Alba agus an inbhe aige san RA no Alba.

NITHEAN LÀITHREACH A' TOIRT BUADH AIR AN ÀRAINN

Fiosrachadh mu na prìomh nithean a tha a' toirt buaidh air an àrainn no gnè ann an roinn nan Eilean Siar, a' gabhail a-staigh nithean a tha ag adhbharachadh crìonadh, sgapadh, milleadh no call.

COTHROMAN AGUS OBAIR LÀITHREACH

Geàrr-chunntas air iomairtean a tha ann agus a tha feumail don h-àrainn no gnè sna h-Eileanan Siar agus cothroman sam bith airson leudachadh no leasachadh air na h-iomairtean sin.

GNÌOMHAN

Tha gnìomhan a tha rin dèanamh gus coinneachadh ri na cuimsean agus amasan suidhichte air an liostadh ann an clàr. Tha buidheann ainmichte air ceann gach gnìomh airson buileachadh na gnìomha a cho-òrdanachadh agus buidhnean com-pàirteachaidh a tha air aontachadh cuideachadh ga buileachadh.

Tha gnìomhan air an rangachadh mar prìomhachas ìosal, meadhanach no àrd agus tha raon-ama aig buileachadh gach gnìomh mar a leanas:

Goirid – 2 bhliadhna

Meadhanach – 5 bliadhna

Fad-ùine – 10 bliadhna

FIOSRACHADH

Liosta ghoirid den ainmean agus àiteachan le fiosrachadh feumail.



Opposite: Woodland plantation at Druidibeg, South Uist
Above: Buttercups

Mu choinneimh: Àiteach chraobhan aig Druidibeg, Uibhist a Deas
Os cionn: Buidheag an t-Samhraidh



Engagement of the wider community is essential... to achieving success of the Western Isles LBAP

In addition to guiding the production of the Western Isles Local Biodiversity Action Plan, the LBAP Steering Group will also have a crucial role in the implementation of the overall LBAP and the individual species and habitat action plans as they are produced.

Each action identifies a lead organisation, whose role it is to co-ordinate implementation of that particular action together with the partner organisations. The lead organisation should encourage others to work together towards achieving the action plan objectives and will be responsible for reporting back annually to the steering group, progress on the action.

3.1 Public participation

Engagement of the wider community is essential to the whole process and to achieving success of the Western Isles LBAP. Public consultation plays an enormous part in the development of any policy; however, we want people to become involved in the process in addition to any consultation. The LBAP process should provide a mechanism whereby the community can be brought together to express their concerns and aspirations about biodiversity issues and the action plans.

The Native Woodland Habitat Action Plan identifies production of a Western Isles Woodland Strategy as a high priority action. The Steering Group agreed to implement this action in advance of launching the action plan and a strategy was drawn up by Comhairle nan Eilean Siar in conjunction with representatives of the LBAP Steering Group and the Forestry Commission. Its preparation was informed by consultation with a wide range of local organisations and individuals. The strategy was launched on 26 January 2004 and, at the launch, the Scottish Executive announced the availability of additional funding ('Locational Premium') for woodland planting in the Western Isles for a four year period from 1 April 2004.

Tha e
riatanach
gum bi
comhearsnachdan
eile nam
pàirt...ma tha
LBAP nan
Eilean Siar a'
dol a
shoirbheachadh

A thuilleadh a bhith air ceann ullachadh Plana-gnìomha Bith-iomadachd Ionadail nan Eilean Siar bidh àite air leth cudromach aig Buidheann Stiùiridh LBAP cuideachd ann am buileachadh an LBAP iomlan agus nam planaichean-gnìomha ghnèithean agus àrainnean fa leth mar a thèid an dèanamh.

Tha buidheann air ceann gach gnìomh, leis an dleastanas a bhith a' co-òrdanachadh buileachadh na gnìomha àraidh sin còmhla ri na buidhnean com-pàirteachaidh. Bu chòir don bhuidheann a tha aig an stiùir càch a mhisneachadh gu bhith a' co-obrachadh a dh'ionnsaigh amasan a' phlana-gnìomha a choileanadh agus 's ann air a bhios uallach airson aithris bhliadhna a thoirt don bhuidheann stiùiridh, mun adhartas leis a' ghnìomh.

3.1 Com-pàirteachadh a' phobail

Tha e riatanach gum bi comhearsnachdan eile nam pàirt den obair air fad, ma tha LBAP nan Eilean Siar a' dol a shoirbheachadh. Tha pàirt fìor mhòr aig co-chomhairleachadh poblach ann an leasachadh poileasaidh sam bith; ach, tha sinn airson gun com-pàirtich daoine san obair a thuilleadh air co-chomhairle sam bith. Bu chòir obair an LBAP a bhith na dhòigh air a' choimhearsnachd a thoirt gu chèile agus bruidhinn mu na h-uallaichean agus an dèidh a tha aca a thaobh chùisean bith-iomadachd agus nam planaichean-gnìomha.

Tha Plana-gnìomha Àrainnean Coilltean Gnèitheach a' comharrachadh ullachadh Ro-innleachd Coilltean nan Eilean Siar mar ghnìomh le prìomhachas àrd. Dh'aontaich am Buidheann Stiùiridh a' ghnìomh seo a bhùileachadh mus cuireadh iad am plana-gnìomha air bhog agus bha ro-innleachd air a dhealbhadh le Comhairle nan Eilean Siar an co-bhonn ri riochdairean bho Buidheann Stiùiridh LBAP agus Ùghdarras nan Coilltean. Chaidh ullachadh a' cleachdadh fiosrachadh bho cho-chomhairle le caochladh bhuidhnean agus dhaoine san sgìre. Chaidh an ro-innleachd a chur air bhog air 26 Faoilleach 2004 agus, aig an àm sin, dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba gu robh tuilleadh maoineachaidh ri fhaotainn ('Tàillibh Làraich') airson coilltean a chur sna h-Eileanan Siar rè ùine ceithir bliadhna bho 1 Giblean 2004.

Opposite: School children from Balivanich Primary School, Benbecula, collecting wildflower seeds
Right: Harebells

Mu choinneimh: Clann sgoile bho Sgoil Bhaile a' Mhanaich, Beinn na Faoghla, a' cruinneachadh sìol fhlùraichean fiadhaich.
Deas: Currac-na-cuthaige



Habitat and species action plans should be succinct and set out in an easy to read format. Larger, more complex habitats (such as Machair) may be difficult to keep concise due to the extent of information. Exceptions may be made for this type of habitat, in showing only selected action at public consultation i.e. actions that relate to the general public, to ensure that the public's interest is captured.

3.2 Raising Awareness

Raising awareness of action plan species and habitats is fundamental to gaining public 'ownership' of the LBAP. The general public needs to see how a particular habitat or species is relevant to them. A suggestion would be to portray the action plans through an area which is familiar to the public such as the garden or the beach. People would then relate more to the key issues, and make changes because they see benefits for themselves as well as the species. Working with the public to discover whether they have witnessed any change in the wildlife in their area is a good starting point; this establishes a basic platform to work from.

The relevance of the LBAP process to everyone needs to be demonstrated and the public needs to be kept informed of progress. Public consultation has identified the Western Isles Biodiversity Website as

A series of public meetings were held in Barra, Benbecula and Stornoway in February 2002 to help engage the public at an early stage in the LBAP process. The aim of the meetings was to:

- ✎ Inform local individuals, communities and organisations of the work being undertaken in the Western Isles;
- ✎ Stimulate interest and encourage participation in the process; and
- ✎ Establish a varied pool of resources and expertise, which can be drawn on when developing and carrying out actions in the Western Isles.

The meetings took the form of a series of presentations followed by a workshop session where participants were encouraged to discuss the ways in which biodiversity was important to them.

Over 80 people attended these meetings and the workshop sessions highlighted the importance of biodiversity to the economy of the islands in terms of tourism, fisheries, recreation, and crofting. Links were also made between biodiversity and the quality of life of island residents.

A programme of 14 different events was organised throughout the Western Isles in August 2002 as part of **Scottish Biodiversity Week**. The aim of the week was to raise awareness of Scotland's rich variety of animals, plants, fungi, microbes and the habitats in which they live. A wide range of activities, from exploring rock pools in Harris, to Nature Cluedo in the Lews Castle Grounds and Birdwatching for beginners in Benbecula were on offer during the week.

In September 2002, primary school children in North Uist and Benbecula were involved in the collection of wildflower seeds such as red clover, yellow rattle and bird's foot trefoil. The seeds were used to establish a seed bank for reseeded roadside verges when roads are upgraded.



Above: Raising awareness at biodiversity workshops in the Western Isles

Os cionn: Leudachadh mothachaidh aig buithan-obrach biith-iomadachd sna h-Eileanan Siar.

an ideal mechanism for raising awareness and keeping people informed. This may also be done through an awareness group and updates in existing newsletters.

It is also significant that local people can make connections to the 'wider picture' and to understand the contribution that actions in the Western Isles make to biodiversity conservation nationally and globally.

3.3 Measuring and monitoring progress

In order to evaluate the success of action plans, they must be monitored. Regular action plan reviews should take account of new information and allow the actions to be updated where necessary. Information should be made available to the community on any updates or changes to the whole process of habitats and species action plans.

Reviewing the plans, assessing whether they are meeting their stated targets and what is the next stage should also be considered. The implementation of actions

Bu chòir gum biodh planaichean-gnìomha àrainnean agus ghnèithean goirid agus furasta an leughadh. Dh'fhaodadh gum bi àrainnean nas motha, agus nas iom-fhillte (leithid Machair) doirbh an cumail goirid leis na tha annta de fhiosrachadh. Dh'fhaodar an riaghailt a bhriseadh airson àrainn mar seo, le dìreach taghadh den obair a shealltainn aig co-chomhairleachadh poblach i.e. gnìomhan a bhineas don phoball, gus dèanamh cinnteach gum bithear a' glacadh aire dhaoine.

3.2 Leudachadh Mothachaidh




Tha leudachadh mothachaidh air gnèithean agus àrainnean sa phlana-gnìomha bunaitich ma tha daoine a' dol a ghabhail 'seilbh' air an LBAP. Feumaidh daoine faicinn dè am buntainneas a tha aig àrainn no gnè shònraichte riutha-san. 'S dòcha gum faodadh na planaichean-gnìomha a shealltainn tro àite air a bheil an sluagh eòlach leithid an gàrradh no an tràigh. Bhiodh daoine an uair sin nas soilleire mun ceangal ri na prìomh chùisean, agus a' dèanamh atharrachaidhean

seach gu bheil iad a' coimhead buannachdan dhaibh fèin cho math ris na gnèithean. 'S e deagh àite-tòiseachaidh a tha ann an obrachadh còmhla ris an t-sluagh gus faighinn a-mach am faca iad atharrachadh sam bith ann am fiadh-bheatha na sgìre aca; tha seo a' suidheachadh deagh bhunait bhon obraich iad.

Feumar sealltainn mar a tha obair an LBAP iomchaidh do na h-uile agus feumar fiosrachadh mun adhartas a chumail ris an t-sluagh. Chomharraich co-chomhairleachadh poblach Làrach-lìn Bith-iomadachd nan Eilean Siar mar dheagh dhòigh air mothachadh a leudachadh agus fiosrachadh a thoirt do dhaoine. Faodar seo a dhèanamh cuideachd tro bhuidheann mothachaidh agus cunntasan às ùr sna litrichean-naidheachd a tha ann cheana.

Tha e cudromach cuideachd gum faigh sluagh an àite air ceanglaichean a dhèanamh ris an 'dealbh farsaing' agus gun tuig iad mar a tha obair sna h-Eileanan Siar a' cur ri glèidhteachas bith-iomadachd gu nàiseanta agus air feadh an t-saoghail.

Chaidh coinneamhan poblach a chumail ann am Barraigh, Beinn na Faoghla agus Steòrnabhagh sa Ghearran 2002 gus am faigheadh daoine air com-pàirteachadh ann an obair an LBAP bho thùs. B' e amas nan coinneamhan:

-  Fiosrachadh a thoirt do dhaoine fa leth, do choimhearsnachdan agus do bhuidhnean ionadail mun obair a tha a' dol air adhart sna h-Eileanan Siar;
-  Ùidh agus com-pàirteachadh san obair a mhisneachadh; agus
-  Taghadh de stòrasan agus eòlas a stèidheachadh, air am faodar làmh a chur nuair a thathar a' dealbh agus a' coileanadh gnìomhan sna h-Eileanan Siar.

B' e taisbeanaidhean le bùthan-obrach às an dèidh a bha sna coinneamhan far an robhar ag iarraidh air com-pàirtichean beachdachadh air na dòighean anns an robh bith-iomadachd cudromach dhaibh.

Bha còrr agus 80 duine aig na coinneamhan sin agus shònraich na bùthan-obrach cho cudromach 's a tha bith-iomadachd do eaconamaidh nan eilean a thaobh turasachd, iasgach, cur-seachad, agus croitearachd. Bha ceanglaichean cuideachd air an dèanamh eadar bith-iomadachd agus gnè-beatha mhuinntir nan eilean.

Bha prògram de 14 tachartasan eadar-dhealaichte air an cur air dòigh air feadh nan Eilean Siar san Lùnastal 2002 mar phàirt de Sheachdain Bith-iomadachd na h-Alba. B' e amas na seachdaine mothachadh a leudachadh air an tomhas mhòr de bheathaichean, lusan, fungus agus meanbhagan an Alba agus air na h-àrainnean sa bheil iad beò. Bha cothrom aca air iomadh seòrsa gnìomh rè na seachdaine, bho rannsachadh lòin sna Hearadh, gu Cluedo Nàdair an Gàrraidhean Caisteal Leòdhais agus Coimhead nan Eun do luchd-tòiseachaidh am Beinn na Faoghla.

San t-Sultain 2002, bha clann bunsgoile ann an Uibhist a Tuath agus Beinn na Faoghla a' cruinneachadh sìol fhùraichean fiadhaich leithid seamrag dhearg, modhalan-buidhe agus barra-mhislein. Chaidh tòiseachadh banca sìl leis an t-sìol gus feur a chur an oirean an rathaid nuair a bhios na rathaidean air an leasachadh.

3.3 Measadh agus sgrùdadh adhartais

Airson measadh a dhèanamh air èifeachd phlanaichean-gnìomha, feumar sùil a chumail orra. Bu chòir ath-sgrùdadh cunbhalach air plana-gnìomha fiosrachadh ùr a ghabhail a-staigh agus cothrom a thoirt air na gnìomhan ùrachadh far am feumar. Bu chòir gum biodh cothrom aig a' choimhearsnachd air fiosrachadh mu ùrachadh no atharrachaidhean sam bith ri obair iomlan nam planaichean-gnìomha àrainnean agus ghnèithean.

Bu chòir beachdachadh cuideachd air na planaichean ath-sgrùdadh, a' measadh a bheil iad a' coileanadh an cuimsean suidhichte agus dè an ath ìre. Bu chòir buileachadh gnìomhan a bhith air an sgrùdadh gach bliadhna,



...the establishment of a local record centre in the Western Isles...would benefit a whole range of people from school pupils undertaking projects to developers planning new projects

should be monitored annually, while the success of each action plan reviewed in detail at five yearly intervals and the plans updated as necessary. The steering group will oversee this monitoring and the ongoing development of the process as a whole, to ensure that it meets the broad objectives and provides the necessary reports, including any changes the public should know about.

3.4 Resources

Implementation of the habitat and species action plans will involve the steering group, partner organisations and stakeholders working together.

Many actions may require input of time and resources from the partner organisations and stakeholders and funding sources may have to be identified

in order to implement some of these actions. It is intended that the LBAP will act to focus resources toward the species and habitats most in need of action. In other cases, initiatives may already be underway and work will be co-ordinated to ensure there is no duplication of effort. Substantial actions with longer-term goals can be developed in the light of progress that has been made.

3.5 Biological Recording

There is not at present a local biological record centre in the Western Isles and results of the biodiversity audit highlighted the difficulties associated with accessing biological information. Information is held by a large number of organisations, agencies and individuals on and off the islands and it is difficult to find out who

holds what information and where.

One of the actions generic to the LBAP is to investigate the establishment of a local record centre in the Western Isles. It is envisaged that such a facility would benefit a whole range of people from schools pupils undertaking projects to developers planning new projects.

Biological Recording in Scotland (BRISC) is currently lobbying for support for a national network of Local Record Centres (LRCS) for Scotland and has developed a plan for how Scotland might be served by LRCs. The BRISC draft plan recommends a major centre in Inverness for the Highlands and Western Isles with satellite centres in outlying areas. The steering group will work together with BRISC to progress the establishment of a LRC to serve the Western Isles.

agus èifeachd gach plana-gnìomha a bhith air am mion-sgrùdadh a h-uile còig bliadhna agus na planaichean a bhith air an ùrachadh mar a bhios feum air. Bidh am buidheann stiùiridh a' coimhead thairis air an sgrùdadh seo agus air leasachadh leantainneach na h-obrach air fad, gus dèanamh cinnteach gum bi e a' coileanadh nan amasan san fharsaingeachd agus ag ullachadh nan aithisgean a dh'fheumar, a' gabhail a-staigh atharrachaidhean sam bith a bu chòir innse don phoball.

3.4 Stòrasan

Gabhaidh buileachadh nam planaichean-gnìomha àrainnean agus ghnèithean a-staigh co-obrachadh a' bhuidheann stiùiridh, agus buidhnean agus daoine le com-pàirt annta.

Dh'fhaodadh gun iarr mòran den obair ùine agus stòrasan bho na buidhnean agus daoine le com-pàirt ann agus dh'fhaodadh gum feumar dòighean maoineachaidh a lorg airson cuid de na gnìomhan sin a bhuileachadh. Tha sùil gum bi an LBAP ag obrachadh gus stòrasan a stiùireadh a dh'ionnsaigh nan gnèithean agus àrainnean as fheumaiche air obair. Ann an cùisean eile, dh'fhaodadh gu bheil iomairtean a' dol cheana agus bidh an obair air a cho-òrdanachadh gus dèanamh cinnteach nach eil an obair ga dhùblachadh. Gheibhear air mòran gnìomhan le cinn-uidhe nas fhaide a-mach a dhealbh ann an solas an adhartais a chaidh a dhèanamh.

3.5 Clàradh Bith-eòlasach

Aig an àm seo chan eil ionad clàraidh bith-eòlasach ionadail sna h-Eileanan Siar agus shònraich toraidhean bhon sgrùdadh bith-iomadachd na duilgheadasan co-cheangailte ri greim fhaighinn air fiosrachadh bith-eòlasach. Tha fiosrachadh aig mòran bhuidhnean agus dhaoine fa leth sna h-eileanan agus àiteachan eile agus tha e doirbh

faighinn a-mach cò aige a tha an caochladh fiosrachaidh agus càite.

'S e aon de ghnìomhan coitcheann LBAP rannsachadh a dhèanamh mu stèidheachadh ionad clàraidh ionadail sna h-Eileanan Siar. Thathar an dùil gum bi goireas mar sin feumail do iomadh duine bho sgoilearan a' dèanamh pròiseactan gu luchd-leasachaidh a' dealbhadh pròiseactan ùra.

Tha Clàradh Bith-eòlasach an Alba (BRISC) a' coiteachadh an-dràsta airson taic do lionradh nàiseanta de Ionadan Clàraidh Ionadail (LRCS) airson Alba agus tha plana air a dhealbh airson na dòigh as fheàrr a bheir LRCan seirbheis do Alba. Tha dreach phlana BRISC a' moladh prìomh ionad an Inbhir Nis airson na Gaidhealtachd is nan Eilean Siar le ionadan saideil ann an ceàrnaidhean iomallach. Bidh am buidheann stiùiridh a' co-obrachadh le BRISC airson a bhith a' toirt air adhart stèidheachadh LRC a bheir seirbheis do na h-Eileanan Siar.

Opposite: A local record centre would benefit school projects such as the wildflower seed bank

Below: Uig, Lewis

Mu choinneimh: Chuidicheadh ionad-chlàraidh ionadail le pròiseactan sgoile m.e. am banca sil fhùraichean fiadhaich.

Gu h-ìosal: Uig, Leòdhas

...Stèidheachadh ionad clàraidh ionadail Sna h-Eileanan Siar...bhiodh goireas mar sin feumail do iomadh duine bho sgoilearan a' dèanamh pròiseactan gu luchd-leasachaidh a' dealbhadh pròiseactan ùra












Even the smallest alterations to your lifestyle can make a real difference

There are a number of ways that you can help to safeguard and enhance your local biodiversity. The action plans identify a number of local voluntary groups that have agreed to help implement the actions. By joining these groups you can get involved in the various actions.

Globally, habitats and species can be threatened by factors such as air and water pollution and global warming. However, you can make a big difference as an individual by small changes in the way you do things in your home, garden, school or community which will minimise the impact you have on the environment. Even the smallest alterations to your lifestyle can make a real difference. Below are just a few examples:

At Home

-  Recycle as much as possible. There are now recycling skips for collecting aluminium and steel cans, plastic bottles and glass throughout the Western Isles. Depositing items on a weekly basis only takes a couple of minutes and means you don't need extra storage space. This will reduce the amount of waste going into the local landfill sites.
-  Compost household waste such as vegetable peelings.
-  Consider buying local and/or organic produce. There are seasonal produce markets in Lewis, Harris, Uist and Barra. Buying local produce cuts down on transport requirements and supports the growth of local sustainable businesses.
-  Avoid excessive packaging.
-  Use less energy. Boiling only the quantity of water you require saves energy.
-  Consider buying energy efficient appliances when you renew your old ones.
-  Reduce chemical use in the home by using biodegradable and environmentally friendly cleaning products and washing powders.

